
BA Cànan Is Cultar

BA Gàidhlig is Iomall a' Chuain Siar

An Dàrna Bliadhna

Tìotal a' Mhodail:	SGOILEARACHD IS EILTHIREACHD NAN GÀIDHEAL
Còd a' Mhodail:	UQ508344
Ceann-là/Uair/Ùine	Diluain 12/05/08 09.30-11.30

'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodail.

Tha DEICH MIONAIDEAN agad airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.

Bu chòir dhut DÀ CHEIST a fhreagairt.

Cha bu chòir dhut sgrìobhadh gu mionaideach mu dheidhinn rud air an do sgrìobh thu cheana anns an aiste agad ach faodaidh tu iomradh goirid a dhèanamh air mas iomchaidh.

Faodar faclairean a chleachdadh.

Bu chòir dhut DÀ CHEIST a fhreagairt. Ainmich tùsan na fianais agad far an urrainn dhut.

Na sgrìobh air cuspair na h-aiste agad a-rithist.

1. Carson a tha sinn ag ràdh gu bheil tùsan manachainnean na Gàidhealtachd a' dol air ais dhan Èiphit?

2. Dè an seòrsa duine a bha ann an Colum Cille a rèir *Vita Sancti Columbae* agus eile?

3. Mìnich mar a tha na h-*immrama* agus teacsaichean eile nam fianais airson *peregrinatio pro Christo* sa chuan.

4. Dè as aithne dhuinn mu dheidhinn seòladh nan Gàidheal agus nan Lochlannach sa Chuan Siar? Saoil dè dh'ionnsaich na Lochlannaich bho na Gàidheil?

5. Sgrìobh mu **thriùir** de na leanas ann an co-theacs nam *peregrini Scoti* san Roinn Eòrpa:

Columbanus; N.Gall; Pepin; John Scotus Eriugena; Dicuill; Virgil à Salzburg; Killian.

6. Cha deach na naoimh Ghàidhealach a sgrùdadh gu ceart gus an seachdamh linn deug. Dè an t-sradag a bha air chùl na h-iomairt seo agus dè thàinig às?

7. Tha Adhamhnan ag ràdh gun tuirt Colum Cille mu dheidhinn Eilean I:

This place, however small and mean, will have bestowed on it great honour...(III; 23)

Gu dè an ìre a tha am modal seo ann an Sgoilearachd is Eilthireachd a' dearbhadh na fàistinneachd aige a thaobh a bhuidh.